



Parentzone
SCOTLAND

Beachdan spòrsail gus deagh
chleachdaidhean leughaidh
a bhrosnachadh

Bun-sgoil

- ✓ Tadhaill air an leabharlann tric, leig leis an leanabh agad leabhar a thaghadh bhon earrann iomchaidh agus leig leotha a' chairt leabharlann aca fhèin a chleachdadh.
- ✓ Tagh leabhraichean a tha aig an ìre is urrainn dhan leanabh agad a leughadh agus cleachd facail ùra a dh'ionnsaich iad ann an seantansan inntinneach.
- ✓ Seall dhan leanabh agad cho mòr 's a tha leughadh a' còrdadh riut – eadhoin ged nach biodh ann ach pàipear-naidheachd agus leig leotha d' fhaicinn a' cleachdadh faclair.
- ✓ Leugh iomadh seòrsa leabhar gus am faigh an leanabh agad eòlas air diofar sheòrsachan cànaid.
- ✓ Bruidhinn mun sgeul a' cleachdadh dhealbhan. Thoir iomradh air na caractaran, an suidheachadh agus cnàmhan an sgeòil (cha leig facail a leas a bhith ann an leabhar gus sgeul innse).
- ✓ Bruidhinn mu fhacail aig a bheil barrachd air aon chiall a rèir is mar a tha iad air an cleachdadh.
- ✓ Thoir cothrom dhan leanabh agad (10 diogan) feuchainn ri facail a ràdh mur eil iad gan aithneachadh anns a' bhad.
- ✓ An uair a bhios tu a' bruidhinn ris an leanabh agad cleachd dhà no trì fhacail inntinneach agus bruidhinn mun chiall a tha aca. Feuch ris a' chiad litir san fhacal atharrachadh gus facal ùr a dhèanamh.
- ✓ Larr air an leanabh do chuideachadh a' sgrìobhadh a-mach liosta airson nam bùithtean agus maids an liosta ris na nithean sa bhùth.
- ✓ Cleachd eòlas pearsanta gus a bhith mothachail air facail a tha mun cuairt ort (ainmean bhùithtean, ainmean shràidean)
- ✓ Cluich geamannan le cairtean (Top Trumps, Pairs, Snap) agus iarr air an leanabh agad na riaghaltean airson nan geamannan as fheàrr leotha a leughadh a-mach.
- ✓ Aig àm sgeula gabhaibh turas mu seach a' leughadh a-mach agus èist gu furachail an uair a bhios an leanabh agad a' leughadh.
- ✓ Biodh àite sònraichte agaibh airson leabhraichean san dachaigh agus biodh àm sònraichte agaibh airson a bhith gan leughadh.
- ✓ Biodh leabhar nad chois a h-uile taobh a thèid thu agus cruthaich sgeulachdan an uair a bhios sibh a' siubhal, le gach duine a' cur ris an sgeulachd.